

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Premier Inn Edinburgh City Centre Haymarket Hotel

Diardaoin 13 Lùnastal 2015, 1000-1300

Bòrd:	Daibhidh Brew (<i>sa Chathair</i>)	Dùghall MacAmhlaigh
	Alasdair MacCaluim	Donaidh MacAmhlaidh
	Iain Stephen Moireasdan	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (Àrd-Oifigear)

Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)

Alan Esslemont (*Ceannard Phrògraman*)

Chris Dòmhnullach (*Stiùiriche Obrachaidh*)

Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: Victor Smith (*Grant Thornton*)

Chuir an Cathraiche fàilte air Iain Stephen Moireasdan chun Bhùird agus bhiodh e an làthair aig coinneamh a' Bhùird nas fhaide air adhart air a' mhios.

1 Leisgeulan

Cha robh gin.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 13/5/15

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Creideas nar Cosnaichean & Creideas nar Cosnaichean Òga (IIP)

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air a' bhuidheann airson inbhe IIP Bronze a chosnadhl. Bha Buill riaraichte le na cosgaisean a bha sna pàipearan a thaobh liYP.

Fo thiotalan agus seirbheisean ruigsinneach

Chaidh deasbad a chumail a thaobh na h-uallaichean aig ère Tier 2 Ofcom a bhios a' tuiteam air BBC ALBA bho 1 Faoilleach 2016:

- Fo-thiotalan 70% (sa chiad bhliadhna 66% de 70%) = 1,210 uair
- Cainnt-sanais (signing) 5% = 131 uair
- Aithris taic air an labhairt (audio description) 10% (exc Naidheachdan/Ceòl) = 211 uair

Chaidh deasbad a chumail mun bhuaidh a bhios aig an seo air goireasan agus ionmhas. Tha plana dà bhliadhna dha dheasachadh airson seo a choileanadh agus thathas den bheachd gum bi 1.5 obraighean làn ùine (FTEs) a dhìth.

Chaidh còmhchradh a dhèanamh air a' chunnart gum biodh cosgaisean a bharrachd a' toirt buaidh air an àireamh de uairean-a-thìde de phrògraman a bha e comasach maoineachadh. Chaidh aontachadh gu robh e cudromach gu robh fios air ar luchd-maoineachaidh air buaidh an ro-innleachd ùr seo. Chaidh aontachadh pàipear a sgriobhadh le cosgais a' phròiseact agus clàr-ama airson a libhrigeadh agus gun deidheadh deasbad a chumail le Ofcom agus Riaghaltas na h-Alba. (*Gníomh: AE*)

5 Sgrùdadadh in-taigh

a) Sgrùdadadh 2014/15 air IT

Thug an Stiùiriche Obrachaidh taing do Victor Smith agus Grant Thornton airson an cuideachadh agus an taic. 'S e pròiseas fiachail a bha ann airson na buidhne agus bidh

buannachd ann airson bliadhnaichean ri teachd. Thug Victor taing airson a' chothrom a thighinn a Steòrnabhagh agus gu robh e tlachdmhor a bhith an sàs san obair.

Thug Victor Smith seachad taisbeanadh do Bhuill a' comharrachadh an adhartais a chaidh a dhèanamh bho na molaidhean a rinn e an dèidh a' chiad sgrùdaidh anns an do rinn e co-dhùnadhbh gu robh feum air leasachadh. Ann an dàrna sgrùdaidh às dèidh 6 mìosan bha e a' toirt seachad measadh "riaraichte" no "satisfactory" ri linn 's gun deach na ceumannan agus na puingean gnìomh a làimhseachadh. Chaidh puingean a bharrachd a thogail:

Gu robh feum air goireasan daonna ionnsachaidh (a' toirt a-steach "succession planning") airson cuir an cèill Ro-innleachd IT na buidhne a choileanadh. (*Action: CMD*)

Gu robh e cudromach gu robh an Sgioba Àrd-stiùridh a' gabhail uallach gus an Ro-innleachd IT a choileanadh. (*Gníomh: DC*)

Gun deigheadh cunnart mu choileanadh Ro-innleachd IT a chuir ri clàr nan cunnartan. (*Gníomh: NMG*)

Gun deigheadh fios mu chuir-an-cèill an Ro-innleachd IT a chuir air clàr na h-ath choinneimh (*Gníomh: CMD*)

Chaidh moladh gum biodh leabhar-làimhe de mhodhan-obrach IT feumail airson an sgioba IT. (*Gníomh: CMD*)

Chaidh taing a thoirt do Victor airson a bhith an làthair.

5b Sgrùdaidh in-taigh

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' moladh gluasad gu cuireadh gu tagradh airson sgrùdadhbh air Riaghladh na buidhne. Chaidh aontachadh ris a' mholaidh agus mhol buill gun deigheadh

Cuireadh gu Tagradh a-mach gu buidhnean nas lugh a h-ionadail a thuilleadh air na buidhnean mòra nàiseanta agus eadar-nàiseanta. (*Gníomh: NMG*)

6 Sgrùdadh air peinnsean

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh còmhراadh a chumail. Bha feum air solaraiche peinnsein a chuir an sàs a cheadaicheadh dleastanas sgeama “auto enrolment” na buidhne a choileanadh. Chaidh earrann 18.1 de na Gnàth-riaghailtean a chleachdad leis an Àrd-Oifigear ann an co-chonaltradh le Cathraiche a’ Bhùird agus Cathraiche a’ Chomataidh agus mar thoradh air an sin, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh Royal London a chuir an sàs mar solaraiche peinnsein agus chan eil a’ chòrr buaidh ann airson a’ Bhùird no airson a’ Chomataidh. Dheigheadh seo a chomharrachadh don Bhùird.

7 Measadh Chunnartan

Bha pàipear air beulaibh Bhall le fòcas air an dà chunnart a leanas:

- Cunnart nach bi BBC ALBA mar phàirt de ro-innleachd a’ BhBC
- Cunnart nach tèid maoin no luach a bharrachd a thàladh bhon BhBC

Chaidh aontachadh gu bheil co-chomhairle DCMS, “The Future of the BBC” agus aig a bheil ceann-là 8 Dàmhair 2015, mar phrìomhachas agus gu feumar ar freagairt a dhèanamh soilleir. Chaidh aontachadh gu robh e cudromach gun deigheadh taic bhuidhnean Gàidhlig agus luchd-ùidhe a shireadh gus freagairtean a chuir a-steach bho iomadh neach agus buidheann. Bhiodh seo agus Lèirsinn 2020 na buidhne air a’ chlàr aig coinneamh shònraichte a’ Bhùird air 10/9/15. Chaidh moladh coinneamh Bùird eile a chumail ro dhereadh na Sultaine/toiseachd an Dàmhair.

Chaidh aontachadh gun deidheadh cunnart a thaobh IT (puing 5a) a chuir ris a’ chlàr.

Aig coinneamhan den Chomataidh uair sa bhliadhna dheigheadh sùil a thoirt air na cunnartan air fad. (*Gníomh: NMG*)

8 IFRS

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' moladh comhairle a ghabhail bhon luchd-sgrùdaidh Deloitte agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air.

9 Sgeama Tiomnachaidh

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' moladh ùrachadh ann an Sgeama Tiomnachaidh agus Rianachd na buidhne agus chaidh deasbad a chumail.

Bha Buill den bheachd gum b' urrainn pàirt 4 (Rianachd) den Sgeama a bhith nas soilleire, gum b' urrainn am Bòrd tiomnachadh a dhèanamh air cuid den obair measaidh bhliadhnailean chun Chomataidh agus gun deigheadh na molaidean seo chun Bhùird airson aonta.

(Gníomh: DC)

Chaidh aontachadh an Sgeama a chuir air clàr-obrach na Comataidh gach Gearran.

(Gníomh: MAMI)

10 Gnàth-riaghailtean

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' moladh ùrachaidhean beaga a-mhàin. Chaidh gabhail ri na Gnàth-Riaghailtean agus chaidh aontachadh gun deigheadh iad air clàr-obrach na Comataidh gach Gearran. *(Gníomh: MAMI)*

11 Plana Leantainneach Ghnothaich

Chaidh innse gu bheileas ann an còmhraidhean leis a' BhBC gus Plana Leantainneach Ghnothaich MG ALBA a neartachadh, gun tèid eacarsaich deuchainn a chumail agus gun tig fios air ais chun Chomataidh san Dàmhair. *(Gníomh: CMD)*

Pàipearan coinneimh – chaidh aontachadh gun deigheadh na pàipearan slàn (le hyperlinks sa chlàr-chùisean) a chuaireachadh air p-dealain, seach uallach a bhith air Buill download a dhèanamh orra bhon eadra-lìon. Ge-tà, dheigheadh fhathast pàipearan fiosrachaидh an lorg air an eadra-lìon.

Aithisg Bhliadhnaill 2015/16 – chaidh taing a' Chomataidh a bhuileachadh airson aithisg cho math a lìbhrigeadh.